


## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# PLANA GNÌOMHA A' COMHARRACHADH SLIGHE NA GÀIDHLIG AIG UHI

08 An Dùblachd 2010

Dh'fhoillsich UHI, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha an-dràsta ga chruthachadh, a phlana Gàidhlig an-diugh (7 Dùblachd). Is e UHI a' chiad stèidheachd àrd-fhoghlaim a rinn seo. Tha cothroman ionnsachaidd Gàidhlig do luchd-obrach UHI, do dh'oileanaich agus dhan mhòr-shluagh, am measg amasan ro-innleachdail a' phlana ghnìomha.

Eadar gum bi e a' toirt seachad teisteanas ann am farsaingeachd de chuspairean Gàidhlig, a' cuideachadh gus tidsearan a thrèanadh gus foghlaam tro mheadhan na Gàidhlig a thoirt seachad, agus a' conaltradh ri oileanaich, ri luchd-obrach agus ris a' mhòr-shluagh san dà chuid Gàidhlig agus Beurla, a' gabhail a-steach bheannachdan san dà chànan bho ionad-fàilte na h-ofis stiùiridh, tha UHI pròiseil às a dhealas airson na càinain agus a cultar.

Tha am plana a' comharrachadh amasan UHI a bhith na ionad sàr-mhathais airson leasachadh is adhartas cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig. Na bhroinn, tha earrann air leasachadh air a' chlàr-oideachaidh, a' sealltainn an àite chudromach aig UHI ann a bhith a' toirt taic do dh'amasan Bhòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann leasachaidh nàiseanta, gu sònraichte a thaobh foghlaam.

Tha UHI mar-thà a' tabhann chothroman ionnsachaidd Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig, nach eil an leithid an àite sam bith eile ann, tro chùrsaichean aig Sabhal Mòr Ostaig UHI san Eilean Sgitheanach agus Colaisde a' Chaisteil UHI air Eilean Leòdhais, nam measg am BA ann an cànan is cultar na Gàidhlig, BA Gàidhlig agus leasachadh, BA ann an Gàidhlig agus ceòl traidiseanta, agus dioplòma anns na meadhanan Gàidhlig.

Tha dioplòma for-cheuma ri fhaotainn do luchd-teagaisg nam bun-sgoiltean agus nan àrd-sgoiltean tro chom-pàirteachas le Oilthigh Srath Chluaidh, agus tha UHI a' tabhann MA neo MA le urram ann an Gàidhlig le foghlaam an co-bhann ri Oilthigh Obar Dheathain.

San àm ri teachd bidh 26 modalan ceuma Gàidhlig rim faotainn air-loidhne, agus modalan ùr ann an sloinntearachd, diadhachd, reachdas càinain, agus eachdraidh.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Cuideachd sa phlana aig UHI tha conaltradh dà-chànanach, a' gabhail a-steach na làraich-lìn agus foillseachaidhean, soidhnichean agus aithne chorporra.

Thuirt prionnsapal UHI Seumas Friseal: "Mar an t-oilthigh a th'air faire dhan Ghàidhealtachd is dha na h-Eileanan, tha sinn dìorrasach a chur ris an ìre a chithear agus a chluinnear a' Ghàidhlig san t-seirbheis a bhios sinn a' toirt seachad do dh'oileanaich, do luchd-obrach agus don phoball. Tha cur air adhart cànan is dualchas na Gàidhlig na chuid ro chudromach den chlàr-oideachaidh a bhios sinn a' taigse do dh'oileanaich air feadh na sgìre, agus curidh an obair-rannsachaidh againn tuillidh rì leasachadh na Gàidhlig mar cànan nàiseanta agus cànan coimhleasachd.

"Tha sinn dian-dhealasach a bhith a' cur ri inbhe na Gàidhlig agus a bhith ga cur air adhart tro na cothroman-ionnsachaidh a bhios sinn a' toirt seachad. Tha sinn an dòchas gun cuidich am plana againn le toirt gu buil nan amasan is nan cuimsean ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005."

Chaidh plana Gàidhlig UHI a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus chaidh co-chomhairle phoblach a dhèanamh air. Chaidh aontachadh le buidheann leasachaidh nàiseanta na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, san Lùnastal am-bliadhna.

Thuirt an t-Àrd-ollamh Mata MacIomhair, cathraiche Bhòrd nan Riaghlairean a rugadh ann an Eilean Leòdhais: "Is e latha air leth pròiseil a th'ann dhomh fhèin agus dhuinn uile a bha a' faicinn gum biodh oilthigh dhan Ghàidhealtachd agus dha na h-Eileanan gu nàdarra am measg na feadhna a bheireadh stiùir air leasachadh cànan nan Gàidheal. Aig cridhe cruinn-eòlach na roinne dham buin an t-oilthigh seo a th' air faire, tha cànan is cultar a tha ga chomharrachadh seach stèidheachd foghlaim adhartaich no àrd-ìre sam bith eile ann an Alba.

"Cuideachd, thèid cùrsaichean ùra a dheasachadh, is iad air an lìbhrigeadh le com-pàrticean acadaimigeach nach robh an sàs san leithid de chùrsaichean roimhe seo."

Tha cuideachd àite cudromach aig UHI a thaobh rannsachadh na Gàidhlig. Tha e an ceann pròiseact mòr rannsachaidh air a bheil Soillse, a bheir buaidh air poileasaidhean poblach air taic don Ghàidhlig, agus a neartaicheas oidhirpean aig ìre nàiseanta agus aig ìre ionadail gus crionadh na Gàidhlig a chur an comhair a chùil, agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an sgìrean far nach eileas ga bruidhinn gu traidiseanta.

Faodar coimhead air a' phlana aig [www.uhi.ac.uk/plana-gaidhlig](http://www.uhi.ac.uk/plana-gaidhlig)

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



### ACTION PLAN SIGNPOSTS THE WAY FOR GAELIC AT UHI

**08 December 2010**

UHI, the prospective University of the Highlands and Islands, has today (7th December) become the first higher education institution to publish its Gaelic language plan. New Gaelic learning opportunities for UHI staff, students and the wider public, are among the strategic objectives in the four-year action plan (2010-2014).

Whether it is providing a qualification in a range of Gaelic studies, helping to train Gaelic-medium teachers, or communicating with students, staff and the public in both Gaelic and English, including bi-lingual greetings from the executive office reception desk, UHI is proud of its commitment to the language and culture.

The plan sets out UHI's aims to become a centre of excellence for the development and enhancement of Gaelic language, culture and heritage. It contains a Gaelic curriculum development section, reflecting the central role for UHI in supporting the aims of the national development agency, Bòrd na Gàidhlig, particularly in relation to education.

UHI already offers unique Gaelic language and Gaelic-medium learning opportunities through courses at Sabhal Mòr Ostaig UHI on Skye and Lewis Castle College UHI on Lewis, including the BA Gaelic language and culture, BA Gaelic and development, BA in Gaelic and traditional music, and a diploma in Gaelic media.

A postgraduate diploma for Gaelic-medium primary and secondary teachers is available through a partnership with the University of Strathclyde, while UHI teams up with the University of Aberdeen to provide an MA or MA honours Gaelic with education degree.

Future provision is due to include online delivery of 26 Gaelic degree modules, and new modules in genealogy, theology, language legislation, and history. The UHI plan also covers bi-lingual communications, including the website and publications, signage and corporate identity.

UHI principal James Fraser said: "As the prospective University for the Highlands and Islands, we are determined to increase the visibility and audibility of Gaelic in our services to students, staff and the general public. The promotion of Gaelic language and culture is a core area of the curriculum we offer to students throughout the region, and our research activities will further support the development of Gaelic as a national and community language.

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



"We are passionately committed to the enhancement of the status of Gaelic and to promote its use through the learning opportunities we provide. We hope that our plan will assist the achievement of the aspirations and objectives set out in the National Plan for Gaelic, and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005."

UHI's plan was prepared in accordance with statutory criteria set out in the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, and involved public consultation. It was approved by the national Gaelic development agency, Bòrd na Gàidhlig, in August this year.

Professor Matthew MacIver, the Lewis-born chair of the UHI board of governors, said: "This is a particularly proud day for me and for all of us who have seen a university of the Highlands and Islands as one of the natural leaders in the development of the Gaelic language. At the geographical heart of this aspiring university is a language and a culture that makes it different from any other further or higher education institution in Scotland.

"In addition, new courses will be prepared which will be delivered by academic partners who have not previously been involved with these kind of courses."

Research into Gaelic is also a key role for UHI. It is leading on a major research project named Soillse (Gaelic for enlightenment) which will inform public policies on the support of Gaelic, and boost national and local efforts to reverse the decline of the language, and encourage the use of Gaelic in areas where it is not traditionally spoken.

The plan can be viewed at [www.uhi.ac.uk/gaeliclanguageplan](http://www.uhi.ac.uk/gaeliclanguageplan)